

Facal-tòiseachaidh Ministreil



Tha mi toilichte a' cho-chomhairle phoblach seo fhoillseachadh mu Chùmhnantr ùr Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a Tuath (NIFS4). Tha na slighean aiseig a tha a' ceangal Arcaibh is Sealainn ri tìr-mòr na h-Alba ro-chudromach chan ann a-mhàin do choimhairsnachdan ionadail, ach airson cor eaonamach, cultarail agus sòisealta nan Eileanan a Tuath san fharsaingeachd.

Tha e ro-chudromach gum bi na seirbheisean seo earbsach, seasmhach agus a' coileanadh feumalachdan nan eileanach, nan gnìomhachasan agus an luchd-tadhail agus tha e deatamach gun èist sinn gu faiceallach ri eòlas agus dùilean an fheadhainn a chleachdas, agus a tha an eisimeil nan seirbheisean seo fhad 's a bhios sinn a' cruthachadh an ath thionndadh de Chùmhnantr Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a Tuath. Cuidichidh an obair solarachaiddh seo, còmhla ris a' phrògram a thathar a' moladh airson 5 soithichean fhaighinn an àite seann aiseagan ann am Plana Ceangailteachd nan Eilean taobh a-staigh beatha a' chùmhnantr ùir seo – gus dèanamh cinnteach gum bi na seirbheisean iomchaidd airson an àm ri teachd a thaobh earbsachd, ath-leumachd agus comas-lìbhrigidh.

Cuidichidh an t-eòlas a fhuaireadh tron dàimh a th' againn mu thràth le luchd-cleachdaidh Seirbheisean Aiseig nan Eileanan a Tuath agus am fios-air-ais a fhuaireadh bhon cho-chomhairle agus com-pàirteachadh poblach air Plana Ceangailteachd nan Eilean an-uiridh le bhith a' cruthachadh cùmhnantr Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a Tuath 4, agus dh'fhiorsaich seo sgrìobhadh nan ceistean co-chomhairleachaiddh seo agus sinn a' sireadh beachdan a bharrachd air mar as urrainnear an ath chùmhnantr a chleachdadh gus leasachaidhean seirbheis a thoirt air adhart.

Tha a' cho-chomhairle phoblach seo a' toirt cothrom cudromach do luchd-ùidh – eadar uighdarrasan ionadail, riochdairean coimhairsnachd, is companaidhean aiseig; agus luchd-siubhail fa leth agus custamairean bathar – gus ar cuideachadh le bhith a' co-dhùnidh cò ris a bu chòir an t-seirbheis a bhith coltach san àm ri teachd. Tha sinn gu sònraichte airson ur beachdan a chluinntinn air priomh cheistean leithid comas-làimhseachaidh is iarritas, siubhal gun phlanadh ro-làimh is siubhal riatanach, faraidhean, guth na coimhairsnachd, follaiseachd agus cunntachalachd, feumalachdan ceangailteachd, amalachadh le modhan còmhdbail eile, ruigsinneachd, earbsachd agus ath-leumachd, irean seirbheis, seasmhachd àrainneachdail, agus bathar.

Chan e a-mhàin gu bheil sinn ag amas air Cùmhnant Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a Tuath a bhith a' lìbhrigeadh seirbheis a tha a' coileanadh feumalachdan an latha an-diugh, ach a tha cuideachd freagarrach airson an àm ri teachd, a' freagairt ri dùbhlan na gnàth-shìde, ri pàtrain iarrtas a tha ag atharrachadh, agus ri feumalachdan san àm ri teachd gus taic a chumail ri leasachadh nan Eileanan a Tuath.

Tha e ro-chudromach gum bi cothrom aig coimhairsnachdan a bhith a' gabhail pàirt ann an seo agus a bhith gar cuideachadh le bhith a' cumadh nan seirbheisean aiseag seo san àm ri teachd, agus bheir a' cho-chomhairle phoblach seo cothrom dhaibhsan a tha ag iarraidh atharrachadh a bhith a' cur gu dìreach ris a' phròiseas gus an cùmhnant ùr a chruthachadh. Bhrosnaichinn a h-uile duine aig a bheil ùidh anns na seirbheisean seo an cuid bheachdan a chur thugainn. Cuidichidh na beachdan a gheibh a' cho-chomhairle seo le bhith a' cruthachadh cùmhnant a bhios ag obair gu math do na coimhairsnachdan eileanach againn agus a nì cinnteach gum bi na ceanglaichean ro-chudromach a' lìbhrigeadh mar as còir fad bhliadhnaichean ri teachd.

Airson barrachd fiosrachaidh, faic an làrach-lìn againn – [PENDING WEB ADDRESS](#)

Jim Fairlie BPA
Ministear airson Àiteachas agus Comas-ceangail

A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo

Bidh a' cho-chomhairle seo fosgalte fad 12 seachdainean eadar 22 luchar 2025 gu 13 Dàmhair 2025 agus tha sinn a' toirt cuireadh dhut do bheachdan a thoirt dhuinn rè na h-ùine seo gus buaidh ghniomhach a thoirt air smaoineachadh a thaobh Cùmhnant Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a Tuath.

Freagair air-loidhne

Faodaidh tu do fhreagairt a chur a-steach dhan cho-chomhairle seo air-loidhne tron hub co-chomhairleachaidh air-loidhne againn, Citizen Space.

Thoir an aire gur e co-chomhairle phoblach a tha seo, agus gum bi na freagairtean uile rim faighinn gu poblach, ged a bhios fiosrachadh pearsanta air a chumail diomhair. Mas e is nach eil thu airson 's gum bi do bheachdan rim faighinn gu poblach, tagh am bogsa iomchaidh aig deireadh a' cho-chomhairleachaidh.

Dòighean eile air freagairt

Mur a tèid agad air freagairt a chur a-steach a' cleachdad air Citizen Space, is urrainn dhut do fhreagairt a chur tro phost no post-d.

Tro phost-d

Luchdaich a-nuas agus lion a-steach Ceistean na Suirbhidh agus am Foirm Fiosrachaidh Luchd-freagairt gu h-ìosal agus cuir iad thugainn le post-d gu FerriesNIFS4Team@transport.gov.scot.

Tron phost

Luchdaich a-nuas agus lion Ceistean na Suirbhidh agus Foirm Fiosrachaидh an Neach-freagairt gu h-ìosal agus cuir na foirmean crìochnaichte agad gu:
Co-chomhairle NIFS4
Còmhaghail Alba
5mh Lär
177 Sràid Bothwell
Glaschu G2 7ER

Aithris Co-chomhairleachaidh

Tha sinn a' toirt cuireadh dhut do bheachdan a thoirt dhuinn rè na h-ùine seo gus buaidh ghnìomhach a thoirt air smaoineachadh a thaobh Cùmhnant Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a Tuath.

A' measadh buaidh

Tha sinn air gealltann gun dèan sinn measadh air buaidh cùmhnant ùr Aiseagan nan Eileanan a Tuath 4 air coimhairsnachdan a tha an urra ri aiseagan agus air buidhnean luchd-ùidh eile air feadh na h-Alba.

Cumaidh a' cho-chomhairle seo taic ri leasachadh nam measaidhean buaidh a leanas:

- Measadh Buaidh Gnothachais is Riaghlaidh
- Measadh Buaidh air Còraichean is Sunnd Chloinne
- Measaidhean Buaidh air Co-ionannachd
- Measadh Buaidh air Coimhairsnachdan Eileanach

Foillsichidh sinn na measaidhean buaidh seo uile air an làraich-lìn againn. Bu mhath leinn do bheachdan air seo. Faodar beachdan a chur thugainn air phost-d gu FerriesNIFS4Team@transport.gov.scot.

Mar eisimpleir, bheir do bheachdan fios dhuinn mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig ar poileasaidh air brosnachadh co-ionannachd, cur às do leth-bhreith, agus a bhith a' brosnachadh deagh dhàimhean do dhaoine aig a bheil feartan dionta sònraichte.

Cleachdaidh sinn dòigh-obrach làidir stèidhichte air fianais gus na measaidhean buaidh coimhairsnachd a chruthachadh agus obraichidh sinn ann an dlùth chonaltradh le prìomh luchd-ùidh agus riochdairean bho bhuidhnean air am bi buaidh.

Na h-ath cheuman

Aon uair is gun tig àm co-chomhairleachaidh NIFS4 gu crìch, thèid freagairtean ath-sgrùdadadh le sgioba sgrùdaidh speisealach neo-eisimeileach agus thèid aithisg de mholaidhean a thoirt do Chòmhaghail Alba air am beachdaich iad nuair a tha iad a' cur crìoch air teirmean cùmhnant NIFS4.

Tha sinn a' cur luach anns na beachdan agad agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri do bheachdan a chluinntinn air mar as urrainn dhuinn piseach a thoirt air Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a Tuath againn.

Mòran taing airson pàirt a ghabhail anns a' phròiseas chudromach seo.

Beachdan agus gearanan

Ma tha beachd sam bith agad mu mar a chaidh a' cho-chomhairle seo a dhèanamh cuir iad gu dìreach gu FerriesNIFS4Team@transport.gov.scot.

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant airson Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a Tuath (NIFS4)

Comas-làimhseachaidh is larrtas

Bidh sinn a' dèanamh Measadh air Feumalachdan Coimhearsnachd ann an 2025 agus 2026. Cruthaichidh am pròiseact seo fianais agus roghainnean seirbheis aiseig airson cùmhnant Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a Tuath (NIFS4) san àm ri teachd, agus airson tasgaidhean calpa a tha san amharc ann an soithichean agus ann am puirt.

C1a. Tha diofar roghainnean ann airson àiteachan-fuirich ann an seirbheisean fad-oidhche air seirbheisean aiseig. Ma chleachd thu àite-fuirich fad-oidhche air seirbheis, thoir dhuinn do bheachdan air cabain oidhche.

C1b. Tha diofar roghainnean ann airson àiteachan-fuirich ann an seirbheisean fad-oidhche air seirbheisean aiseig. Ma chleachd thu àite-fuirich fad-oidhche air seirbheis, thoir dhuinn do bheachdan air podaichean oidhche.

C1c. Tha diofar roghainnean ann airson àiteachan-fuirich ann an seirbheisean fad-oidhche air seirbheisean aiseig. Ma chleachd thu àite-fuirich fad-oidhche air seirbheis, thoir dhuinn do bheachdan air suidheachan-aomaidh (*reclining seats*) tron oidhche.

C2. Uaireannan, bidh seòlaidhean leis a h-uile àite air a chlàradh a' falbh le àiteachan falamh a chionn 's nach bi cuid de chàraichean, làraidhean agus/no luchd-cleachdaidh chaban a tha air clàradh a' nochdad no nach bi iad a' cur an àite aca dheth. Tha sinn a' beachdachadh air cìs cuir-dheth-fadalach a chur air dòigh airson tiogaidean a chaidh a chlàradh ro-làimh, gus brosnachadh a thoirt do chustamairean clàraighean a chur dheth le rabhadh reusanta gus am bi àiteachan rim faighinn do chàch.

A bheil thu ag aontachadh ris a' beachd-smuain seo?

Tha

Chan eil

Chan eil beachd sam bith agam

Mìnich do fhreagairt

Siubhal gun phlanadh ro làimh agus siubhal riatanach

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil a' mhòr-chuid de thursan air seirbheisean aiseig nan Eileanan a Tuath air an clàradh ro-làimh ach uaireannan chan eil e comasach tiocaid a chlàradh ro-làimh, agus gum faodadh feum a bhith aig daoine gus àite a ghlèidheadh aig a' mhionaid mu dheireadh.

C3. Dè do bharail air dè a dh'fhaodadh na companaidhean aiseig a dhèanamh gus taic a chumail ri daoine a dh'fheumas siubhal ann an cabhag?

Faraidhean

An-dràsta tha faraidhean ràitheil agus faraidhean do dh'eileanaich ann (lasachadh de 30% fad na bliadhna), ach tha sinn a' tuigsinn gu bheil siubhal air Seirbheisean Aiseig nan Eileanan a Tuath daor do chuid, agus tha sinn airson beachdan a chluinntinn air poileasaidh faraidhean san àm ri teachd.

C4. A bheil thu airson 's gum bi faraidhean Cosgais Co-ionann ri Rathad (Road Equivalent Tariff - RET) ann do dh'eileanaich air slighean Seirbheisean Aiseig nan Eileanan a Tuath, leis na prìsean air an atharrachadh gus am bi iad co-rèireach ris an astar?

Tha

Chan eil

Mìnich do fhreagairt

C5. Anns an Dòigh-obrach Ro-innleachdail againn airson Plana Ceangailteachd nan Eilean a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid thuit sinn gum beachdaich sinn air atharrachaidhean air mar a thèid foirmle RET a chur an gnìomh air slighean nas fhaide, leithid Obar Dheathain – Kirkwall – Lerwick.

Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' lùghdachadh reat nam mìltean no crìoch a chur air faradh meadhan-seusain làithreach.

A bheil beachd sam bith agad air na roghainnean seo no a bheil molaidhean a bharrachd agad?

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnhant
airson Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a
Tuath 4 (NIFS4)
Còmhdhail Alba

C6. A bheil thu den bheachd gum bu chòir barrachd phrìsean do luchd-siubhail atharrachadh a rèir iarrtais, ag amas air iarrtas a stiùireadh agus gus taic a chumail do RET do mhuinnitir nan eilean?

Tha

Chan eil

Mìnich do fhreagairt

Guth na coimhairsnachd, follaiseachd agus cunntachalachd

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh brìoghmhor ann leis a' choimhairsnachd mu obrachadh sheirbheisean aiseag nan Eileanan a Tuath

C7. A bheil thu airson 's gum bi atharrachadh sam bith air mar a bhios obraighe seirbheisean aiseag nan Eileanan a Tuath a' conaltradh riut, mar eisimpleir a thaobh atharrachaidhean seirbheisean no seirbheisean a bhith air an cur dheth?

C8. Bidh companaidh ruith seirbheisean aiseagan nan Eileanan a Tuath agus Còmhdhail Alba ag obair gu cunbalach le Fòram Còmhdhail Taobh a-muigh Arcaibh agus Fòram Còmhdhail Taobh a-muigh Shealtainn.

A bheil thu den bheachd gu bheil na fòraman còmhdhail seo a' riochdachadh bheachdan na coimhairsnachd gu h-èifeachdach?

Tha

Chan eil

Ma fhreagair thu "Chan eil", mìnich do fhreagairt

A' tuigsinn feumalachdan ceangailteachd agus amalachaidh

Le bhith a' coimhead air mar a ghabhas amalachadh le siubhal air adhart agus ceanglaichean a bhrosnachadh, is urrainn dhuinn cothroman a thoirt seachad airson ceanglaichean nas fheàrr agus airson ruigsinneachd air aiseagan tro shiubhal gnìomhach, còmhdhail phoblach, agus modhan còmhdhail sheasmhach eile.

C9. Dè cho riaraichte 's a tha thu leis a' chòmhdhail phoblach (bus/trèana) agus bun-structar siubhail gnìomhach (coiseachd, cuibhleachadh agus rothaireachd) gu agus bho na cinn-uidhe aig seirbheisean aiseig nan Eileanan a Tuath?

Thoir dhuinn do bheachd, ag innse dhuinn dè na puitr-aiseig a bhios tu a' cleachdadadh.

C10a. Dè a dh'fhaodadh companaidh aiseig seirbheis aiseag nan Eileanan a Tuath a dhèanamh gus ceangal nas fheàrr a dhèanamh le còmhdhail phoblach (bus/trèana)?

C10b. Dè a dh'fhaodadh companaidh aiseig seirbheis aiseag nan Eileanan a Tuath a dhèanamh gus ceangal nas fheàrr a dhèanamh ri bun-structar còmhdhail gnìomhach (coiseachd, cuibhleachadh agus rothaireachd)?

So-ruigsinneachd

A rèir fios air ais bhon choimhairsnachd tha dùbhlain a bharrachd mu choinneamh cuid de bhuidhnean co-ionannachd le bhith a' faighinn cothrom air agus a' cleachdadadh sheirbheisean aiseag nan Eileanan a Tuath. Tha buidhnean co-ionannachd a' gabhail a-steach daoine aig a bheil feartan dionta fo Achd na Co-ionannachd 2010; aois, ath-shònachadh gnè, inbhe pòsta no com-pàirteachais catharra, torrachas agus màthaireachd, cinneadh (a' gabhail a-steach dath craicinn, nàiseantachd, tùs cinneachail no nàiseanta), creideamh no feallsanachd, gnè bhith-eòlasach no taobhadh feise.

C11. Nad bheachd, ciamar a ghabhadh piseach a thoirt air seirbheisean anns an ath chùmhnhant airson seirbheisean aiseag nan Eileanan a Tuath gus cur ri ruigsinneachd tron turas aiseig air fad?

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a
Tuath 4 (NIFS4)
Còmhdhail Alba

Earbsachd agus seasmhachd

Tha fios air ais bhon choimhearsnachd air sealltainn gun urrainn clàraighean airson carbadan bathair buaidh a thoirt air na tha ann de dh'èiteachan do charbadan eile air soithichean.

C12. A' coimhead air an liosta gu h-losal, dè na 3 priomhachasan as moth a bu chòir a bhith agad airson an ath chùmhnant airson seirbheisean aiseig nan Eileanan a Tuath?

Earbsachd
Pongalachd
Càileachd àite-fuirich air bòrd
Càileachd biadh is deoch air bòrd
Cho furasta 's a tha e tiocaid a chlàradh
Cho furasta 's a tha e clàradh atharrachadh
Seirbheis chustamairean bho luchd-obrach air bòrd
Seirbheis chustamairean bho luchd-obrach ann am puitr-aiseig
Soidhnichean aig agus air an t-slighe gu puitr-aiseig
Eile (cuir ris)

Àrainneachd agus beag-carboin

Tha fios-air-ais a fhuair sinn bho chionn ghoirid air mar as urrainn dhuinn obrachadh a dh'ionnsaigh lùghdachadh eimiseanan carboin air a bhith feumail.

C13. A bheil molaidhean sam bith eile agad air mar as urrainn do sheirbheisean aiseag nan Eileanan a Tuath a' bhuaidh àrainneachdail iomlan aca a lùghdachadh a thaobh nam factaran àrainneachdail a leanas a chaidh a chomharrachadh ann an Achd Measadh na h-Àrainneachd (Alba) 2005, a' gabhail a-steach: càileachd adhair, sluagh agus slàinte dhaoine, fuaim, somhaoinean stuthach, an àrainneachd uisge, bith-iomadachd, agus dualchas cultarail

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnhant
airson Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a
Tuath 4 (NIFS4)
Còmhdhail Alba

Bathair

C14 A bheil dòighean ann gus piseach a thoirt air mar a bhios a' chompanaidh a tha a' ruith Seirbheisean Aiseag nan Eileanan a Tuath ag obair le companaidhean giùlan-bathair agus gnìomhachasan gus meudan trafaig choimeirsealta a phlanadh nas èifeachdaiche?

C15. A' toirt fa-near gu bheil obair solarachaидh a' dol air adhart airson sothicéan bathair "freighter flex" a bhios gan toirt a-steach do chabhlach seirbheisean aiseag nan Eileanan a Tuath san àm ri teachd, a bheil moladh sam bith agad gus an t-iarrtas a riaghalaigh no a lùghdachadh sa mheadhan-ùine no san fhad-ùine air slighean far a bheil tòrr mòr bathair ann.

C16. A bheil beachd no moladh sam bith a bharrachd agad a thaobh mar as urrainnear seirbheisean bathair aiseig a leasachadh?

C17. Ciamar a ghabhadh pròiseasan làithreach nan cosgaisean airson bathair airson seirbheisean aiseag nan Eileanan a Tuath a leasachadh no atharrachadh san àm ri teachd?

Coitcheann

C18. A bheil moladh sam bith eile agad air mar a ghabhadh seirbheisean aiseag nan Eileanan a Tuath a leasachadh?

Tha

Chan eil

Mìnich na freagairtean agad

Foirm fiosrachaidh mun neach-freagairt

Thoir an aire gum feumar am foirm seo a lìonadh agus a chur air ais leis an fhreagairt agad.

Gus faicinn mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta agad, faic am [Poileasaidh Prìobhaideachd](#) againn.

A bheil thu a' freagairt mar neach fa leth no às leth buidheann?

- Neach fa leth
- Buidheann

Ainm slàn no ainm na buidhne

Àireamh fòn

Seòladh

Còd-puist

Post-d

A bheil thu a' freagairt mar:

- Neach-còmhnaidh sgìre lìonra aiseagan nan Eileanan a Tuath – Arcaibh
- Neach-còmhnaidh sgìre lìonra aiseagan nan Eileanan a Tuath – Sealainn
- Neach-cleachdaidh lìonra aiseagan nan Eileanan a Tuath – Tìr mòr na h-Alba
- Gníomhachas ann an sgìre lìonra aiseagan nan Eileanan a Tuath – Arcaibh
- Gníomhachas ann an sgìre lìonra aiseagan nan Eileanan a Tuath – Sealainn
- Neach-tadhail no neach-turais ann an sgìre lìonra aiseagan nan Eileanan a Tuath
- Eile (i.e. a' freagairt às leth buidhne)

Ma thagh thu gníomhachas, comharrach sa bhogsa gu h-ìosal dè an seòrsa gníomhachais a tha thu a' riochdachadh (m.e. giùlan bathar, sprèidh, iasgach, lùths, aoigheachd is msaa)

Ma thagh thu "eile", thoir seachad barrachd fiosrachaидh sa bhogsa gu h-ìosal:

Dè an t-slighe ann an lìonra seirbheisean aiseag nan Eileanan a Tuath as trice a chleachdas tu?

- Obar Dheathain gu Lerwick
- Obar Dheathain gu Kirkwall
- Kirkwall gu Lerwick
- Sgabstal gu Stromness

Dè an t-adhbhar as motha a th' agad airson a bhith a' cleachdadh seirbheisean lìonra Aiseag nan Eileanan a Tuath?

- Adhbharan Gníomhachais
- Adhbharan obrach/foghlaim
- Adhbharan pearsanta/cur-seachadan
- Airson bathar
- A h-uile rud gu h-àrd
- Eile

Dè cho tric 's a bhios tu a' cleachdadadh seirbheisean aiseagean nan Eileanan a Tuath?

- 5-7 tursan san t-seachdain
- 2-4 tursan san t-seachdain
- Turas gach seachdain
- Turas gach dàrna seachdain
- Turas sa mhìos
- Bho àm gu àm
- Ràitheil (an Samhradh)
- Eile

A bheil thu:

- Nas òige na 16
- 16 gu 18
- 19 gu 21
- 22 gu 34
- 35 gu 44
- 45 gu 54
- 55 gu 64
- 65 gu 74
- 75 no nas sine
- Eile

An canadh tu gu bheil ciorram ort?

- Chanadh
- Cha chanadh

Còmhdaileadh Alba

Bu mhath le Riaghaltas na h-Alba cead fhaighinn gus do fhreagairt co-chomhairleachaidh fhoillseachadh. Dè b' fheàrr leat a thaobh a bhith a' foillseachadh na freagairt agad:

- Foillsich mo fhreagairt le m' ainm
- Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)
- Na follaisich an fhreagairt

Co-roinnidh sinn do fhreagairt eadar sgiobannan poileasaidh taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba a dh'fhaodadh a bhith ag obair air na cuspairean a tha fo dheasbad. Dh'fhaodte gum biodh iad airson fios a chur thugad san àm ri teachd ach feumaidh sinn cead fhaighinn bhuat gus seo a dhèanamh. Am biodh e ceart gu leòr nan cuireadh Riaghaltas na h-Alba fios thugad a-rithist a thaobh a' cho-comhairleachaidh seo?

- Bhiodh
- Cha bhiodh

Fiosrachadh do bhuidhnean:

Tha an roghainn 'Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)' ri fhaighinn do luchd-freagairt fa leth a-mhàin. Ma thagh thu an roghainn seo, thèid ainm na buidhne fhoillseachadh fhathast.



TRANSPORT
SCOTLAND
CÒMHDHAIL ALBA

Transport Scotland
Buchanan House, 58 Port Dundas Road,
Glasgow, G4 0HF
0141 272 7100
info@transport.gov.scot
www.transport.gov.scot

ISBN: 978-1-911672-50-0
© Crown copyright 2025

You may re-use this information (excluding logos and images) free of charge in any format or medium, under the terms of the Open Government Licence. To view this licence, visit <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/> or e-mail: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

Further copies of this document are available, on request, in audio and large print formats and in community languages.

Any enquiries regarding this document should be sent to us at info@transport.gov.scot

This document is also available on the Transport Scotland website: www.transport.gov.scot
Produced for Transport Scotland by APS Group Scotland
Published by Transport Scotland, August 2025
PPDAS1628074 (08/25)

Follow us:

[transcotland](#) [@transcotland](#)
transport.gov.scot



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba